



**CULTURE, HERITAGE & ARTS
ASSEMBLY.**
ARGYLL & ISLES



TUAIRISGEUL-OBRAICH

Eadar-theangair Gàidhlig Mar-aon - Teangan Earra-Ghàidheal

Cùis: £40 san uair

Ceann-latha Deireannach: 5f, 19 Lùnastal 2021

Faic cuideachd Sònrachadh Pearsanta agus Mar a Nì thu Iarrtas, gu h-iseal.

GIORRACHADH AIR AN DREUCHD

Seo agad cothrom cur ri Teangan Earra-Ghàidheal, tionnsgnadh eadar Còmhdhail Cultair, Dualchais is Ealain, Earra-Ghàidheal is nan Eilean (CHARTS), Comhairlean-coimhearsnachd Mhuile agus Thiriodh agus Com-pàirteachas Gàidhlig Mhuile agus Ì Chaluim Chille.

Cumaidh Teangan Earra-Ghàidheal eadar-theangachadh mar-aon bho Bheurla gu Gàidhlig aig coinneamhan tro chlàr air leth air Zoom. Tha luchd an tionnsgnadh a' fastadh sgioba eadar-theangairean mar thaic ri coinneamhan, a' tairgse aig an ìre seo suas ri 40 uair a thìde de sheirbheisean eadar-theangachaidh. Mar thionnsgnadh ùr, is iad na prìomh amasan cuideachadh is taic a thoirt dhan fheadhainn le Gàidhlig, cuideachadh ri luchd-ionnsachaidh agus an cànan a chur ann suidheachadh buntainneach mu chleachdadh làitheil.

Cumaidh Teangan Earra-Ghàidheal eadar-theangachaidh do luchd-stiùiridh choinneamhan, far a bheil luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh Gàidhlig agus daoine eile, a' fuireach ann an Sgìrean Chomhairlean-coimhearsnachd Earra-Ghàidheal is Bhòid anns an Òban, ann an Latharna is sna h-Eileanan agus Meadhan Earra-Ghàidheal, Cinn Tìre agus na h-Eileanan. Cuiridh am pròiseact fàilte cuideachd air com-pàirteachadh eile sgìrean eile ann an Earra-Ghàidheal is Bòd, agus thèid beachd a ghabhail air seo a rèir an t-suidheachaidh. Tha Teangan Earra-Ghàidheal ga mhaoineachadh le Urras Taic Choimhearsnachdan Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid agus thathar den bheachd gu bheil e air aon den chiad fheadhainn de phròiseactan den t-seòrsa ann an Alba.

Tha am pròiseact a' cur fàilte gu sònraichte air Gàidheil Earra-Ghàidheal agus tha luchd-labhairt Gàidhlig eile, ann an Alba agus thall thairise, di-beathte dha-rìribh iarrtas a

dhèanamh.

Thèid cunnradh a thoirt do thagraichean soirbheachail le CHARTS gus cur ris a' phròiseact chom-pàirteachais seo agus bheirear ullachadh dhaibh nuair as iomchaidh.

Am measg nan dreuchdan aig an eadar-theangair mar-aon, bidh:

- Coimisean fhaighinn airson eadar-theangachaidh mar-aon aig coinneamhan a' cleachdadh clàr-conaltraidh dhigiteach Zoom – uair no dà uair a thìde.
- Eòlas fhaighinn air a' bhuidhinn agus luchd-stiùiridh na coinneimh dham bheil seirbheisean eadar-theangachaidh gan cur air dòigh; gus tuigse fhaighinn air a' chlàr-obrach, fiosrachadh/cànan teicnigeach.
- Cuireadh frithealadh air aon choinneamh no barrachd leis an aon bhuidhinn; a' cur eòlas air a' bhuidhinn agus air cuspairean/cànan na cois.
- Cùmhnant bho Chòmhdhail Cultair, Dualchais is Ealain, Earra-Ghàidheal is nan Eilean (CHARTS) le cumha mu dhìomhaireachd theann mu na seirbheisean eadar-theangachaidh/choinneamhan air fad. Feumaidh tagraichean a bhith gam fastadh air an ceann fhèin airson na h-obrach seo agus an cuid chìsean a bhith an urra riutha fhèin.
- Ballrachd an-asgaidh de CHARTS, gus liosta phoblach a chur ri chèile de dh'eadar-theangairean rim faotainn bho sgioba nan eadar-theangairean aig Teangan Earra-Ghàidheal translators pool, gus barrachd feum air seirbheisean neo-eisimeileach eadar-theangachaidh a chuideachadh, mar dhìleab air a' phròiseact seo.

Thoir fa-near:

Bho àm gu àm, nuair a tha an t-eadar-theangair a' fuireach astar goirid gus siubhal gu ionad na coinneimh beò, faodaidh gum bi cothrom ann an t-eadar-theangachadh a thoirt seachad air an làraich, no ann an suidheachadh measgaichte, m. e., nuair a tha a' choinneamh ga cumail air Zoom bho sheòmar le beagan luchd-frithealaidh agus an t-eadar-theangair ann, no nuair a thèid coinneamh bheò a chumail far a bheil feum air taic eadar-theangachaidh mar-aon.

Suidheachadh na h-obrach

Bidh an obair seo stèidhichte aig an dachaigh air a' chuid as motha agus faodaidh gum bi feum bho àm gu àm air cuairtean gu buidhnean agus/no coinneamhan air feadh Earra-Ghàidheal is nan Eilean, ma leigeas a' chomhairle mun shlàinte phoblach an lùib COVID-19. Ma bhios feum air siubhal, thèid buidseat chosgaisean a thoirt seachad. slàinte phoblach Seach gu bheil am pròiseact stèidhichte an ìre mhath air obair air astar, faodaidh tagraichean a bhith stèidhichte ann an Alba no thall thairis.

GIORRACHADH AIR A' PHRÒISEACT

Is iad prìomh amasan Teangan Earra-Ghàidheal taic a chur ri Plana Gàidhlig Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid agus Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

Nì Teangan Earra-Ghàidheal mar a leanas:

- Leasachadh a thoirt air cothroman Gàidhlig a chleachdadh airson luchd-dùthchais is fileantaich na Gàidhlig agus luchd-ionnsachaidh a' chànain
- Leasachadh a thoirt air cothroman Gàidhlig a thairgse thairis air com-pàirteachasan agus seirbheisean gan liubhairt gu farsaing
- Leudachadh air na goireasan a tha rim faotainn mar thaic ri cleachdadh agus leudachadh air cleachdadh is inbhe na Gàidhlig ann an Earra-Ghàidheal is Bòd
- Cur ri mothachadh air Gàidhlig agus leudachadh air na cothroman an cànan a chleachdadh, a' cur air adhart dà-chànanachas
- Cuideachadh gus leasachadh a thoirt air an ìre de Ghàidhlig a tha ri cluinntinn is ri faicinn ann an Earra-Ghàidheal is Bòd, a' gabhail a-steach ruigsinneachd air lionra CHARTS anns a bheil còrr is 400 ball.
- **Amasan bunaiteach a nochdadh a chuireas cruth air Plana Nàiseanta a' Chànain gus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh air feadh nan coimhearsnachdan ann an Earra-Ghàidheal is Bòd:**
 - i. Cuideachadh gus ìre nan suidheachaidhean far an cleachdar Gàidhlig a rèir prionnsapal bunaiteach Achd na Gàidhlig mu spèis cho-ionann do Ghàidhlig is do Bheurla a leudachadh
 - ii. Cuideachadh ri luchd-labhairt na Gàidhlig, an dà chuid luchd-ionnsachaidh is luchd-dùthchais gus an comas agus a' mhisneachd aca a bhith ga cleachdadh a leasachadh

SONRACHADH PEARSANTA .

FIOSRACHADH AGUS EÒLAS

Deatamach:

- Fileantach Gàidhlig
- Ùidh làidir ann an cur air adhart cleachdadh na Gàidhlig
- Sgilean làidir conaltraidh
- Beachd adhartach mu leasachadh na Gàidhlig
- Gad bhrosnachadh fhèin, mothachail, sealladh deimhinneach fèin-mhisneachd

- Sgilean eagrachaidh/rianachd, aire do mhionaideachd
- Eòlach air cleachdadh agus/no acfhainn is siostaman digiteach eile

Ion-mhiannaichte:

- Eòlas air eadar-theangachadh Gàidhlig gu Beurla mar-aon
- Tuigse agus/no eòlas air com-pàirtichean a' phròiseict agus/no buidhnean Gàidhlig ann an Earra-Ghàidheal is Bòd, agus/no buidhnean Gàidhlig nàiseanta
- Ùidh mhòr ann an Gàidhlig agus roinn a' chultair san fharsaingeachd ann an Earra-Ghàidheal is Bòd
- Eòlas air Gàidhlig Earra-Ghàidheal

MAR A DH'OBRAICHEAS TU

Tha mar a nì daoine an cuid obrach bho là gu là cudromach dhuinn. Feumaidh an luchd-obrach air fad air a choimiseanadh le CHARTS na sgilean a leanas a nochdadh aig ìre iomchaidh:

- Ag obair mar thosgair airson a' phròiseict agus a' stèidheachadh cheanglaichean-obrach deimhinneach
- Ag obair gu math an dà chuid air do cheann fhèin agus le sgioba
- A' conaltradh le buil iomchaidh
- A' cumail dìomhaireachd
- A' gabhail spèis do dh'ion-ghabhail agus ag obair le ionracas
- Ag obair a rèir cothrom na Fèinne agus ag atharrachadh dòigh-obrach a rèir dhaoine, chultaran is shuidheachaidhean eadar-dhealaichte
- Deònach dol an sàs ann an leasachadh is measadh a' phròiseict mar as iomchaidh

Gu sònraichte, tha an dreuchd seo am feum air cuideigin a nochdas dealas mun cuid obrach, a bhios a' dealbh obair gu seaghach, a chuidicheas gu togarrach agus a dh'iarras cothroman an cuid eòlais fhèin agus amasan a' phròiseict a leasachadh.

MAR A NÌ THU IARRTAS:

Airson barrachd fiosrachaidh no iarrtas a dhèanamh airson na h-obrach seo, nach cuir thu post-dealain sa Ghàidhlig no sa Bheurla gu info@chartsargyllandisles.org leis na sgrìobhainnean a leanas na chois:

- 1) Litir a nochdas d' ùidh agus do chuid fiosrachaidh a tha buntainneach ; leig fios ma tha thu ag iarraidh trèanadh eadar-theangachaidh
- 2) CV

Cleachd mar cheann a' chuspair **'Teangan Earra-Ghàidheal – Iarrtas Eadar-theangair'**

CEANN-LÀ DEIREANNACH

Seo prògram leanmhainneach fastaidh le cinn-là ann an ìrean a dh'ainmichear.

Is e a' chiad cheann-là do thagraichean 5f, 19 Lùnastal 2021

Thoiribh fa-near gur dòcha gum bithear an dùil gun dèan tagraichean soirbheachail prògram-obrach bhon t-Sultain 2021.

BARRACHD FIOSRACHAIDH:

Comhairle-choimhearsnachd Thiriodh: <http://tirecommunitycouncil.co.uk/>

Leabhar nan Aodann aig Comhairle-choimhearsnachd Mhuile :

<https://m.facebook.com/pages/category/Interest/Mull-Community-Council-261228434829317/>

Com-pàirteachas Gàidhlig Mhuile is Ì Chalum Chille:

<http://www.gaelic.org.uk/aboutus.html>

Mu CHARTS: <https://www.chartsargyllandisles.org/about/> CHARTS Facebook:

<https://www.facebook.com/CHARTSArgyllandIsles/> Duais Dileab Chalum Chille:

<https://www.chartsargyllandisles.org/showcase/duais-d%C3%ACleab-chalum-chille-colmcille-legacy-award/>

Plana Gàidhlig Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid : [https://www.argyll-](https://www.argyll-bute.gov.uk/sites/default/files/gaelic_language_plan_-_english_version.pdf)

[bute.gov.uk/sites/default/files/gaelic_language_plan_-_english_version.pdf](https://www.argyll-bute.gov.uk/sites/default/files/gaelic_language_plan_-_english_version.pdf)